



Ceumannan

Ceumannan 1

Pàipear-taic 3 *Appendix 3*

Pròiseactan Leudachaidh *Extension Projects*

Pròiseactan Leudachaidh Obair Buidhne

Tha tòrr chothroman co-obrachaidh san leabhar fhèin, ach seo beachd no dhà eile. Cha bhithear idir a’ sùileachadh gun dèanadh na sgoilearan gach pròiseact ach bhiodh e feumail fear no dhà dhiubh fheuchainn aig ìre air choreigin. ‘S e cothroman air leth math a th’ annta molaidhean AiFL agus a’ Churraicealam airson Sàr-mhathais a chur an gnìomh agus suidheachadh a chruthachadh far am faod na sgoilearan Gàidhlig a chleachdadh san obair aca. Cuideachd, bheir na pròiseactan cothrom dhaibh a bhith ag ionnsachadh bho chèile agus bho dhaoine eile taobh a-muigh a’ chlas. Tha fhios gum bi tòrr bheachdan eadar-dhealaichte aig tidsearan air pròiseactan a bhiodh feumail agus chan e seo ach toiseach tòiseachaidh.

Modal 1 Aonad 1

- Ann an **Cultar**, tha fiosrachadh mu na craobhan agus mar a tha ceangal eadar na craobhan agus an aibidil.
- Le Roinn na h-Ealaine, dh’fhaodar ceum a bharrachd a ghabhail. Dh’fheumar rannsachadh a dhèanamh air coltas nan craobh agus cruth nan duilleagan. Dh’fhaodar cairtean a dhèanamh le dealbh de chraobh agus dhen litir a tha i a’ riochdachadh air gach tè. Dh’fhaodar dùrachd Ghàidhlig a chur am broinn gach cairt agus pasgan de chairtean a reic airson airgead a thogail do dh’adhbhar sònraichte.
- Dh’fhaodar sanasachd mu na cairtean a sgaoileadh ann an Gàidhlig agus Beurla.

Modal 1 Aonad 2

- Ann an **Sùil air ais 4**, cluinnear rap dhe na h-abairtean ùra san aonad. Faodaidh na sgoilearan clàradh a dhèanamh dhen rap. Bhiodh e na b’ fhèarr buileach nam faigheadh iad taic bho Roinn a’ Chiùil le ruitheamachd air cùl an rap agus airson an t-òran a chlàradh ceart.
- Faodaidh sgoilearan turas mu seach a ghabhail dhe na loidhnichean san rap.
- Dh’fhaodadh na raps nochdadh air duilleagan-dachaigh nan sgoilearan air an eadar-lìon gus an cluinn no am faic sgoilearan eile iad.

Modal 2 Aonad 1

- Aon uair ‘s gu bheil na sgoilearan eòlach air cànan a’ chlas, dh’fhaodar postair a dhèanamh a thèid a chrochadh air feadh na sgoile le riaghailtean/comhairle ann an Gàidhlig.
- ‘S dòcha gum faighear taic bho Roinn na h-Ealaine am postair a chur an clò agus gum b’ urrainn dhaibh beagan dhen obair a dhèanamh air seo ann an Eòlas Pearsanta agus Sòisealta.



Modal 2 Aonad 3

- Faigh map de sgìre na sgoile. Dh'fhaodadh Roinn Cruinn-eòlais taic a thoirt seachad le seo.
- Bu chòir do gach buidheann faighinn a-mach càit a bheil a h-uile duine sa chlas a' fuireach. Faodaidh iad an uair sin ainmean a chur ri taobh gach ainm àite. Mar eisimpleir: *Tha Màiri agus Iain a' fuireach ann an Slèite. Tha Daibhidh a' fuireach san Ath Leathann.*
- Bheir seo cothrom dhaibh cuid de na h-ainmean àite san sgìre aca fhèin ionnsachadh – gu h-àraid mura h-eil iad san leabhar.
- Ma tha an sgoil sa bhaile mhòr, dh'fhaodar an aon rud a dhèanamh le ainmean sràide sa bhaile, gu h-àraid ma thèid ainmean Gàidhlig a chur orra.

Modal 3 Aonad 1

- Dh'fhaodar postair Gàidhlig a dhèanamh de dh'aodach-sgoile a thèid a chrochadh san sgoil.
- 'S dòcha gum b' urrainn dhaibh beagan dhen obair seo a dhèanamh ann an Eòlas Pearsanta agus Sòisealta agus gum faighear taic bho Roinn na h-Ealaine am postair a chur an clò.

Modal 4 Aonad 1

Mìosachan Sgoile

- Dèan mìosachan airson a' chlas. Faodaidh daoine dealbhan a thogail no a thoirt a-staigh dhen sgìre/bhaile aca fhèin. Bhiodh e math nam biodh na dealbhan a rèir na sìde aig an àm sin dhen bhliadhna. Dh'fhaodadh co-là-breith gach duine sa chlas a dhol air no làithean sònraichte san sgoil agus saor-làithean.

Dh'fhaodar taic iarraidh air Roinn na h-Ealaine am mìosachan a thoirt a-mach.

Dh'fhaodadh cuideachd co-obrachadh a bhith ann eadar Gàidhlig agus na

Nuadh-Chànanan airson mìosachan iomadh-chànanach a thoirt a-mach. Dh'fhaodar

am mìosachan a reic agus an t-airgead a dhol gu maoin na sgoile no gu carthannas.

Dh'fhaodar sanasachd airson a' mhìosachain nochdadh an dà chuid, Gàidhlig agus Beurla – no ann an cànan sam bith eile a tha an sàs sa phròiseact.



Modal 4 Aonad 2

- Bhiodh e feumail do dh'ìomhaigh na Gàidhlig (agus cànan sam bith eile) nam biodh roinnean eile deònach ainm a' chuspair a thaisbeanadh air na dorsan aca an Gàidhlig (mura h-eil sin air tachairt mar-thà). Faodaidh sgoilearan a dhol an sàs ann a bhith a' cruinneachadh liosta dhe na cuspairean eile agus a' dèanamh shanasan dha na dorsan air fad. (Dh'fhaodar ainmean nan tidsearan a chur ann an Gàidhlig cuideachd).
- Bheir seo cothrom do Roinn na Gàidhlig a bhith a' co-obrachadh leis a h-uile roinn eile san sgoil.

Modal 6 Aonad 1

- Bhiodh e math do dh'ìomhaigh na Gàidhlig san sgoil nam biodh taigh-bìdh na sgoile deònach sanasan airson biadh agus deoch a thaisbeanadh ann an Gàidhlig le prìsean ann an Gàidhlig orra cuideachd.
- Dh'fhaodadh an clas fèill-reic a chumail an co-bhonn ri Eaconamas Dachaigh (aig àm Clann ann an Èis, mar eisimpleir). Dh'fhaodar postairean a dhèanamh ann an Gàidhlig airson na fèille, fàilte a chur air luchd-ceannach sa Ghàidhlig agus dèiligeadh ri airgead ann an Gàidhlig cuideachd. Ma tha daoine airson rudan a cheannach, feumaidh iad Gàidhlig a chleachdadh!

Pròiseact Mòr

Madainn Cofaidh Eadar-roinneil

Amasan

- » a' cur ri beatha na sgoile agus ìomhaigh na sgoile sa choimhearsnachd
- » ag obair còmhla ri diofar roinnean agus diofar dhaoine airson seirbheis a thoirt seachad
- » cothroman ann airson euchd pearsanta
- » cothroman ann litearrachd agus àireamhachd a thoirt air adhart ann an dòigh thlachdmhor
- » a' cleachdadh Gàidhlig ann an dòigh nàdarra, fheumail
- » cothroman sgilean beatha agus sgilean pearsanta a leasachadh

- Bhiodh e math nam b' urrainn dha na sgoilearan madainn cofaidh no tachartas eile mar sin a chur air dòigh.
- B' urrainn do cheannardan roinne tighinn còmhla ron àm airson gnothaichean a chur gu dol – Gàidhlig, Eaconamas Dachaigh, Ealain agus Ceòl, mar eisimpleir. Dh'fheumadh aonta a bhith ann mu cheann-là, uair agus àite freagarrach airson an tachartas a chumail. Dh'fhaodar tagradh-airgid a dhèanamh do mhaoin na sgoile airson an rud a chur air dòigh, nam biodh aig roinnean ri sin a dhèanamh. Dh'fhaodadh an uair sin tòrr dhen obair a bhith air fhàgail aig na sgoilearan fhèin.
- Roinn na Gàidhlig – dh'fheumadh sanasachd, clàr-bìdh agus prìsean a bhith ann an



Gàidhlig. Dh'fheumadh Gàidhlig a bhith air a cleachdadh airson fàilte a chur air daoine, daoine a fhrithealadh agus airgead a thoirt bhuapa. Dh'fhaodar sanasachd a dhèanamh sna pàipearan ionadail/cuairt-litrichean sgoile/ann am bùthan a' bhaile ron àm. Bhiodh e feumail nam biodh bileagan air gach bòrd a bheireadh taic do dhaoine aig nach eil Gàidhlig beagan a ràdh sa chànan – **Gabh mo leisgeul, Tha mi ag iarraidh, Tapadh leat** agus mar sin air adhart. 'S e cothrom air leth math a th' ann cuideachd do dhaoine sa choimhearsnachd beagan Gàidhlig a bhruidhinn agus taic a shealltainn do sgoilearan a tha ag ionnsachadh Gàidhlig.

- Eaconamas Dachaigh – bèicearachd traidiseanta – sgoaichean, aran-coirce, (reasabaidhean ann an Geamannan Cànan – **Pàipear-taic 4**), tì/cofaidh, dòighean airson biadh agus na deochan a thaisbeanadh agus na bùird a sgeadachadh. Leasan a thoirt seachad air cho cudromach 's a tha e an cidsin a chumail glan, sgiobalta/sàbhailteachd le uisge teth...
- Ealain – a' cur sanasachd air dòigh, taic a thoirt seachad le dreach bhileagan – sanasachd, cairtean-bìdh, postairean le prìsean. Cothrom beagan de na tha an roinn air a bhith a' dèanamh a thaisbeanadh air an latha – stuth a reic?
- Ceòl – siostam PA nam biodh sin a dhìth, cothrom do luchd-ciùil na sgoile a bhith a' cluich air an latha agus a bhith a' sealltainn an cuid sgilean dhan mhòr-shluagh. Clàr-ama a chur air dòigh air cò tha a' cluich, cuin agus dè tha iad am beachd a chluich.
- Ma chòrdas seo ris na sgoilearan, bidh iad nas buailtiche air taic a thoirt dhan Ghàidhlig agus chì iad gu bheil buannachd agus feum sa Ghàidhlig. Tha deagh rùn eadar roinnean agus sgoilearan an-còmhnaidh feumail, ach gu h-àraid nuair a tha sgoilearan ag ionnsachadh cànan. Uaireannan, ann an sgoiltean far a bheil measgachadh ann de dh'fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh, chan eil cus misneachd aig luchd-ionnsachaidh agus iad a' faireachdainn gu bheil na fileantaich ceum mòr air thoiseach orra ann a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig. 'S e cothrom a tha seo dhaibh a bhith air am misneachadh tro bhith a' cleachdadh Gàidhlig agus 's dòcha a bhith ag obrachadh còmhla ri cuid dhe na fileantaich a tha dèonach taic a thoirt seachad. Bidh iad ag ionnsachadh bho chèile agus ag obrachadh còmhla ann an suidheachadh practaigeach gus na sgilean cànan agus na sgilean pearsanta aca a thoirt air adhart.

